





Digitized by the Internet Archive  
in 2013

**B**HA duine bochd ann an baile Lunnuinn, do 'm b' ainn Joseph, leth-amadan, a b' abhaist bhi ruith air ghnòthaichibh agus ag gialan eallaichean feadh a' bhaile. Là do Joseph ag gabhail na sraide, agus pocan snàtha air a ghualainn, thachair dha bhi dol seachad air eaglais; cluinnear sailm 'g an seinn, agus rachar asteach a dh' fheuchainn ciod a chitheadh uo chluinneadh e. Chunnaic e ministear 's a' Chrannaig\*, agus co thional dh' uaislibh urramach uigheamail 'n an suidheadh 'n a fhochair. Sheall gach fear is té a dh' fhaicinn an duine bhochd luideagaich a thainig asteach air an dorus: ach dh' amhairc Joseph gu geur air a' mhinistear, ag caisdeachd ciod a theireadh e. B'e ceann teagaisg a leugh e na briathra brioghmhor blasda ta ann 1 Tim. i. 15. "Is fìor an radh so, agus is fìu e air gach aon chor gabhail ris, gun d'thainig Josa Crìosd do'n t. saoghal a thearnadh pheacach, d'am mise an ceud fhear." Shearmonaich am ministear, gu glan soilleir, fìor theagasg an t-Soisgeil, mar a rinn na h-Abstoil o shean, ag taisbeanadh gu bheil slainte shiorruidh ann do na peacaich a's graineile, tre thoillteanas Josa Crìosd amhain, neach is e an Dia mòr a rinn na h-uile nithe. "Cha n iomadh duine glic a thaobh na feola, cha n iomadh duine cumhachdach, cha n iomadh duine urramach, a ta air a ghairm," mar a deir an t-Abstol, "ach-roghnaich Dia nithe amaideach an t-saoghail so, chum gu n cuireadh e nàir air na daoinibh glice," 1 Cor. i. 26, 27.

An uair a bha na h-uaislean ag cluinntinn briathra fallain na Searmoin le beag suim, bha fear nan luideagan ag toirt geur aire do gach focal; agus gus an do sguir am ministear, cha do thog Joseph a shùil dheth. Sgaoil càch mar a chruinnich iad, gun umhail gun chuimhne air na chualadh; ach bha cridhe Joseph làn, agus e 'g imeachd dhachaidh ag comhradh ris fein; "Cha chual Joseph sud riamh roimhe; Josa Crìosd—an Dia a rinn na h-uile nithe—gun d'thainig e do'n t-saoghal a thearnadh pheacach truagh mar Joseph; agus gu bheil so gle fhìor, agus gur cinn-teach am foçal e."

Goirid 'n a dheigh sud, 'dh' fhàs Joseph tinn, agus bha e ri h uchd bàis. 'Na luidhe 'g a charuch' air a leabaidh, b'i so an comhnuidh bu chainnt da, "'Se Joseph ceann-cinnidh nam peacach; ach thainig Josa Crìosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach; agus is ro chaomh leamsa † Crìod air a shon sin." Bu mhòr iongantais nan coimhearsnach a thainig g' a shealltainn, ag cluinntinn an fhocail ud an comhnuidh 'n a bheul. Thubhairt cuid bu mhò foghlum na chèile ris, "Ach ciod do bharail mu do chridhe, Joseph? Am faic thu comharan iompachaidh ort fein, a dhuine bhochd? An d'fhuair thu cridhe nomha? Am bheil creideamh fìor agad? An do dhùin thu ri Crìosd? An

\* Phupaid, Chupaidh.

† is ro thoigh leamsa.

aithne dhuit sin a dheanamh, a thruaghain?" "Och! ars' ean, cha n nithne do Joseph ni sam bith a dheanamh. Cha n aithne dhomh ach so, gur mi fein ceann-cinnidh nam peacach; ach ma 's fìor am focal agus is deimhin leam gur fìor, gu n d'thainig Criosd do 'n t-saoghal a thearnadh pheacach, c'ùime nach feud Joseph bhi air a thearnadh leis?"

An sin dh' fhiosraich iad c'àit an cual e an teagasg a bha co-thaitneach dha; agus an uair a fhuair iad brath, chuir iad fios dh' ionnsuidh a' mhinisteir ag iarraidh gu n tigeadh e a shealltainn Joseph. Thainig esan air ball, ach bha 'n duine tinn air fàs co lag gu m bu ghann a bheireadh e an aire do ni. Thòisich am ministear air labhairt, agus cha bu luathé a chual Joseph a ghuth na dh' eirich e gu grad air uilinn, rug e air a laimh, agus thubhairt e le guth fann, "O Ghaolaich, is tusa caraid an Tighearna Josa; is toigh leam gu brath thu air son mar a dh' innis thu an deadh naidheachd mu Chriosd: is mise ceann-feadhna nam peacach; ach is fìor am focal so, gu n d'thainig Criosd do 'n tsaoghal a thearnadh pheacach, agus c'ùime nach tearnadh e Joseph? O dean thusa urnuigh air mo shon; guidh gu n saoradh Criosd mise; abair ris gur mòr, thar leam, mo ghradh dha, air son gu n d'thainig e do 'n t-saoghal a thearnadh pheacach mar mise." Rinn am ministear urnuigh. Air dha sgur, thug Joseph buidheachas dha o 'chridhe. An sin, chuir e a lamh fo'n chluasaig, agns thug e as sin sean chlàdan anns an robh aige cuig Ginidhean ceangailte. Chuir e sud an laimh a' mhinisteir. "So dhuitse, arsa Joseph, an t-airgiod a bha mise tasgaidh fa chomhair feum na sean aoise. Ach cha n fhaic Joseph gu brath sean aois. Gabh thus e, agus roinn e am measg chairdean bochda an Tighearna Josa; abair riu gu n d'fhàg Joseph sud aca air sgath an Fhirsaoiridh a thainig do 'n t-saoghal a thearnadh pheacach, seadh a thearnadh ceann-feadhna nam peacach, 's e sin Joseph."—Leis an t-sàruchadh a bha air ag labhairt dh' fhalbh a lùgh, dh' fhannaich a chridhe, leag e a cheann ris an adhart, agus thug e suas an deo.

A leughadoir, ciod i do bharail mu sgeul Joseph?

1. Nach fhaic thu an so ard uachdranachd agus saor ghràs an Tighearna? Bha an co-thional ud uile a chual an t-searmoin 'n am peacaich co mhath ri Joseph; bha iad uile ciontach ann an sealladh Dhe, a 's glaine suil na gu n amhairc e air peacadh ach le fuath agus gràin; bha iad uile feumach air an t-slaointe mhòir sin a chuireadh an céill doibh anns an t-soisgeul. Ach am feadh a bha an co chruinneach ag cluinntinn an teagaisg gun umbail gun sgoinn, thainig am focal le cumhachd an spioraid gu cridhe Joseph, agus dh' fhairich e a bhrìgh. Ciod a b' adhbhar air so, ach saor ghras tabhachdach an Tì sin a ni trocair air an dream air an dean e trocair; neach a dh' fholach na nithe sin o dhaoin

ph eagnaigh agus tuigseach, agus a dh' fhoillsich do leanabaibh  
 d ; neach a thagh bochdan an t-saoghail so gu bhi sa ibhir ann  
 creideamh, agus 'n an oighreachaibh air an rioghachd a gheall  
 dhoibhsan aig am bheil gradh dha.

A chum gu faicteadh cia saor agus cumhachdach Gras De tha  
 t-Abstol ag innseadh gu n do roghnaich Dia nithe amaideach  
 t-saoghail, chum gu n cuireadh e naire air na daoinibh glice ;  
 agus nithe anmhurn an t-saoghail, chum gu n cuireadh e gu naire  
 a nithe laidair ; agus gu n d'rinn e mar sin chum na ceart criche  
 nach deanadh feoil sam bith uail 'n a fhianais, ach esan a ni  
 aill gu n deanadh e uail anns an Tighearn, 1 Cor. i. 27, — 31.  
 Tha n ionann so agus barail ioma duine. Mar is trice, nuair a  
 beirear duine fuidh fhaireachdainn pheacaidh, 's ann bu mhat  
 eis ni eigin a dheanamh leis an tugadh e as e fein o fheirg Dhe,  
 agus leis an cosnadh e a dheadh-ghean. Is iomadh iad a ta 'g  
 urraidh am fireantachd fein a chur air bonn, gun strìochdadh do  
 bhireantachd Dhe ; agus muinntir eile ag iarraidh an chridhe  
 easachadh le 'n dìchill fein agus a chur am fonn gu gabhail ri  
 Chriosd. Cha b' i sin idir barail a bha aig Joseph mu shlighe na  
 ainte. 'Nuair a chur iad a' cheist air, ciod an caochladh a dh'  
 hairich e 'n a chridhe ; ciod an comhar math a fhuair e ann  
 ein ; ciod a rinn e, no ciod a bha e tionnsgal a dheanamh ?  
 Gu deimhin, ars' esan, cha naithne do Joseph aon ni a dheanamh ;  
 cha n-fhaic mi aon ni math annam fein ; cha n'eil aig  
 oseph r' a radh ach gur e fein ceann-feadhna nam peacach, &c."

2. A leughadoir, nach fhaic thu an so gur e toradh an t-  
 loisgeil gradh do Dhia agus d' a phobull ? Ghabh Joseph ris an  
 fhocal a chual e, cha b' ann mar fhocal dhaoine ach mar fhocal  
 Dhe ; ghabh am focal sin freumh 'n a chridhe tre chreideamh ;  
 agus an sin dh' fhàs e suas gu tarbhach. Fhuaradh ann an cridhe  
 oseiph an gradh do Chriosd mu 'n do labhair an t-Abstol Eoin,  
 'Tha gradh againn dha-san do bhrìgh gu n do ghradhaich esan  
 inne an toiseach. 1 Eoin. iv. 19. " O dean urnuigh," arsa  
 oseph ris a' mhinisteir, " air mo shon ; guidh gu n saor Chriosd  
 nise. Abair ris gur toigh le Joseph e air son gu n d'thainig e  
 lo 'n t-saoghal a thearnadh pheacach mar Joseph." Ged dhlighear  
 oor ghradh agus urram do Dhia mar a ta e ann fein, iomlan 'n  
 uill fheartaibh glormhor ; gidheadh b' e gradh Dhe ann a  
 nhaç ionmhuin a thabhairt thairis air son pheacach ; b' e gradh  
 Chriosd ann a theachd a shireadh agus a shaoradh pheacach  
 ruagh cailte ; b' e so an ceud ni a bhean ri cridhe Joseph, a  
 huisg 'fhaireachdainn, agus a bhuinig a ghradh. Is ann mar  
 in a tharlas a thaobh gach anama a chosnar le saor ghras. 'Se  
 gradh Chriosd, air a sgaoileadh feadh a' chridhe leis an Spiorad  
 naomb, a bheothaicheas gradh ann an cridhe a' pheacaich.  
 faisbeanaidh an gradh so e fein le umhlachd do uile aithntibh

an Tighearna, agus ann d'icholl air "teagasg an Tighearna sgeadachadh," agus maise chur air aidmheil no diadhaidheachd le deadh bheus agus caithe beatha do reir an t-Soisgeil. Cha b' urrainn Joseph, air adhart a' bhais, a ghradh do Dhia a thaisbeanadh le a chaithe-beatha; ach nochd e dùrachd a chridhe 'n a dheadh rùn d' a phobull air son gu b' iad cairdean Chrìosd. Co luath 's a chual e guth a' mhinisteir aig oir a leapa, ghlaodh e "O is tusa caraíd an Tighearna; is maith a dh' innis thu m' a thimchioll; is toigh leam gu brath thu air son mar a labhair thu mu Chrìosd; is ionmhuin leam gach aon leis an ionmhuin Chrìosd." Agus dhearbh e gu m b' fhior mar thubhairt, 'nuair a thug e na bh' aige 's an t-saoghal do chairdibh bochda an Tighearna Josa.

3. Nach fhaic thu an so rithist, gur e Creideamh ad t-Soisgeil an t-aon ni a chumas suas misneach duine, 'nuair a chi e am bas teann air a thòir? Cha b' ann a ghlac Joseph misneach, ri àm bàis, a chionn gu robh a pheacan beag no tearc. Cha dubhairt e "tha ioma fear a 's miosa na Joseph anns an t-saoghal; tha Dia trocaireach, agus tha mi 'g earbsadh nach cunthart domh; bu mhath dh' ioma fear mur biodh r' a agairt air ach na tha air Joseph bochd." Cha b' i so idir bu chainnt da. B' i iobairt Chrìosd an t-aon bhonn air an do leag e a thaic agus air an do thog e a dhochas, an uair a bha e mar cheum do 'n bhas, an uair a bha breitheanas agus bithbhuantachd lan shoilleir 'n a bheachd. Air fhìreanachadh tre chreideamh, bha sith aige ri Dia trid an Tighearna Josa Chrìosd, agus rinn e gairdeachas ann an dochas gloire Dhe, Rom. v. 1, 2.

A leughadoir, an do smuainich thus air crìch do bheatha fein? An do chuir am bàs riamh curam no eagal ort? Tha am bàs an dàn do gach neach, agus an deigh a' bhàis am breitheamhnas. O thoir fanear so, thusa tha michuimhneachail air Dia, ag leigeil bithbhuantachd as d' aire, agus ag radh ris an Eug "c'ait sam bith am bheil thu, fan as mo shealladh." Cuimhnich nach 'eil anail na beatha ach a' dol 's a' tighinn. Feudaidh e bith, air an oidhche so fein, gu n iarrar d' anam uait, Luc. xii. 20. Cìod is cor duit an sin? O gabh combairle; seall romhad agus 'n ad dheigh; thoir fanear an t-slighe air an d' imich thu; faic do chionta agus do chunthart, agus grad theich chum didein dh' ionnsuidh an dochais a chuireadh romhad 'san t-Soisgeul, Eabhr. vi. 18. Tha am focal ud fathast co fhior 's a bha e, gu d' thainig Josa Chrìosd do 'n t-saoghal a chum gu n tearnadh e peacaich, eadhon na peacaich a 's graineile ta ann. Agus biodh cinnte agad dheth so, nach 'eil ainm eile fuidh neamh tre am feud thu bhì tearuinte, ach ainm an Tighearna Josa amhain. Gnìomh. iv. 12. Gu n tugadh Dia dhuitse gu n gabh thu ri Chrìosd, le inn-tinn iriosal thoileach, mar a rinn Joseph, agus gu m bi do chricch dheireannach cosmhuil r' a chrichsan.



